righ; far an do dhealaich am Prionnsa riu le cheile, a gabhail a chead diubh le caomh-dhachd mhor, agus na deoir a ruith o shuilibh. O Phort-righ rinn e air son Eilean Raasaidh, far an do ghabh Mac'Ille-Chalum og gach curam dheth. An deigh dha la no dha a chur seachad ann an sin, thug e air Srath-Mhic-Ionain, gun duine leis ach Calum M'Leoid; am Prionnsa na ghille-maileid aig Calum, chum nach cuirt' umhail air. As an t-Srath thug e bata nuas do Arasaig, agus chaidh e gu tir aig Loch-Neibheis, an deigh caol-thearnadh o bhataichean a bha lan shaighdearan, ach nach d'thug suil orra le gairbhead na side. Dhealaich Mac Ionain an t-Sratha ris aig tigh Fir Bhoradail, agus thill e dhachaidh. Cha luaithe a chuir e chas air tir, na chaidh breth air fein agus air a ghillean leis an urn-dhearg. Chaidh fear de na Gillean a sgiursadh gu goirt a dh'fheuch an aidicheadh e c'ait an d'fhag iad am Prionnsa; agus mhaoitheadh an ni ceudn' a dheanamh air Mac Ionain agus air a chuid eile dhiubh; ach bu diomhain gach bagradh. Chaidh Mac Ionain an t-sratha, agus Calum M'-Leoid a ghlacadh agus an cur air bord soitheach cogaidh do Lunnainn; Ghlacadh mar an ceudna Flora Nic Dhomhnuill, agus Fear Chingsburg, agus chuireadh as an duthaich nam priosanaich iad. Cha b'urrainn dha leabhar air a shon fein, m'an cuirte an ceill gach caol dhol as, a bh'aige feadh Arasaig agus Mhuideart, agus an t-anradh roi 'n d'thainig e a cur seachad an la ann an uamhaibh fliucha aitidh, gun leaba, gun bhiadh, gun chomhlach. B'iad na companaich a bh' aige air an allaban bhochd so, Fear-Ghlinn-ealadail, agus a bhrathair; mac Fir Bhoradail, agus Camshron, Fear Ghlinne-peinni, ainmean nach dichuimhnichear fhad 's a bhios iomra air bliadhna Thearlaich sa Ghaeltachd. Thachair gnothach m'an am so, a chuidich gu mor chum an cunnart san robh am Prionns' a lughdachadh. Bha oganach eireachdail de mhuinntir Dhuneidin a bha ga fholach ann an Gleann-Moristain, a ruagadh leis na saighdearan dearga, agus an uair a thuig e nach robh dol as aige, sheas e gu duineil; thilg na saighdearan air agus thuit e, ag glaodhaich le ard mhisnich, "mharbh sibh ar Prionnsa."